

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Giblean 2015 / April 2015

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Leis an ullachadh a tha a' dol air adhart airson na Mòdan Ionadail a chuir air chois, tha e misneachail a bhith a' cluinntinn agus a' faicinn cho èasgaidh sa tha daoine anns na coimhearsnachdan agus an ùidh a thathas fhathast a' nochdadh anns na tachartasan sin. Tha mòran de Mhòdan Ionadail againn a-nis a dh' fheumas dà latha no barrachd airson na tha de dh' fharpaisean aca a làimhseachadh. Chaidh Mòd Ionadail Dhùn Èideann air adhart o chionn ghoirid agus bha e a-rithist gu math soirbheachail le taic làidir bho phàrantan agus charaidean. Tha sinn gu mòr an urra ri oidhirpean luchd-teagasg agus teaghlaichean a tha a' cumail taic agus a' toirt misneachd do dh' fharpaisich, agus tha an ìre aig a bheil gach cuid Gàidhlig agus ceòl a' toirt buaidh mhòr air brìtheamhan agus air luchd-èisteachd. Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' frithealadh grunn Mhòdan Ionadail anns na mìosan a tha romhainn.

Thadhail 'Mòd air Chuairt' air 12 sgoiltean air feadh sgìrean an Òbain agus Latharna na bu thràithe sa' bhliadhna. Bha an sgeama seo gu math soirbheachail agus chòrd e gu mòr ris na sgoilearan agus an luchd-teagasg anns na sgoiltan seo agus tha na h-àireamhan de sgoilearan a' gabhail pàirt ann am Mòd Ionadail an Òbain san t-Ògmhios air àrdachadh gu mòr. Tha sinn an dùil gum bidh na sgoilearan seo a tha gu bhith a' gabhail pàirt ann am Mòd 2015 san Dàmhair cuideachd.

Tha sinn an dòchas an sgeama seo a chur air dòigh anns na sgìrean far am bidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' gabhail àite anns na bliadhnaichean a tha romhainn, ma bhios maoineachadh ann airson sin a dhèanamh. Tha e gu math follaiseach gu bheil taic a bharrachd le teagasg seinn, ceòl, dràma agus mar sin air adhart na bhuannachd dhaibh agus gu bheil e a' toirt misneachd dhaibh le bhith a' gabhail pàirt anns na Mòdan agus, tha sinn an dòchas, ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Cumaibh a' dol. Tha sibh a' dèanamh fìor mhath!

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

A Message from the President

As plans are put in place in preparation for Provincial Mòds, it is encouraging to hear of the enthusiasm at local level that is generating more and more interest in these events. Many Provincial Mòds now require two or more days to accommodate competitions. The recent Edinburgh Provincial Mòd was again very successful and well supported by parents and friends. We owe so much to the efforts of teachers and families who encourage and support competitors, and the level of achievement in Gaelic and Music leaves a great impression on adjudicators and audiences. I am looking forward to attending several Provincial Mòds in the coming months.

The Mòd Roadshows which toured 12 schools across the Oban and Lorn areas earlier this year was enthusiastically received by pupils and staff at these schools and has resulted in a very large number of entries for the forthcoming Oban Provincial Mòd in June. We expect to see this repeated with entries for Mòd 2015 in October.

If funding allows, we will try and continue this increased local activity at future Mòd locations. It is clear that some extra tuition with singing, music, drama etc gives youngsters the necessary support and encouragement to take part in Mòds and hopefully fuel their interest in becoming Gaelic speakers.

Keep up the good work. You're doing a great job!

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach

Foirmean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2015

Gheibhear air foirmean airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo fhaighinn air an làrach-lìn againn. Bidh an siostam air-loidhne againn fosgailte a dh' aithghearr.

Tha sinn air tòrr obair a dhèanamh air an làrach-lìn againn gus cùisean a dhèanamh nas fhasa dhuibh nuair a bhios sibh a' cuir a-steach airson farpaisean a' Mhòid.

Tha sinn air an siostam ballrachd againn a chur an lùib an làrach-lìn a-nis cuideachd. Mar sin, nuair a bhios sibh a' cuir a-steach airson farpaisean Mòd, gheibh sibh air pàigheadh airson bh' ur ballrachd aig an aon àm, no ma tha sibh air pàigheadh mu thràth, bidh seo air an siostam cuideachd.

Tha sinn airson gum bidh am pròiseas seo nas fhasa agus nas èifeachdaiche agus bhitheamaid toilichte cluinntinn bh' ur beachdan mu dheidhinn.

Prògraman a' BhBC

Ma tha sibh an dòchas cuir a-steach airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo, feuch gun dèan sibh cinnteach gun cùm sibh sùil air an làrach-lìn againn thairis air na seachdainean a tha romhainn.

Tha sinn ann an còmhraidhean leis a' BhBC an dràsta a thaobh prògraman Mòd na bliadhna seo. Dh' fhaodadh gun tèid feadhainn de na farpaisean a ghluasad bhon àm àbhaisteach.

Nuair a thèid cùisean a dhearbhadh, cuiridh sinn an fhiosrachadh air an làrach-lìn againn.

Ceann-latha airson Farpaisean

'S e Diluain 1 Ògmhios an ceann-latha mu dheireadh airson cuir a-steach airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Mar is àbhaist, 's ann air an 31mh den Chèitean a bhios an ceann-latha mu dheireadh ann, ach leis gu bheil an latha seo a' tuiteam air an deireadh sheachdain, tha sinn a' toirt latha a bharrachd dhuibh gun fhios nach bidh ceistean agaibh.

Cha bu chòrr dhuibh fhàgail chun an latha mu dheireadh ge ta gun fhios nach bidh trioblaidean agaibh.

**** CHA GHABH SINN FOIRMEAN AIR POST-DEALAIN ****

Royal National Mod 2015 Entry Forms

You can now download entry forms for this year's Royal National Mod competitions from our website. The online entry system will be open shortly.

We have done a lot of work on our online system in order to make the entry process as simple as possible for competitors to use.

We have also incorporated our membership database into the online system. This will make it easier for competitors to enter and pay for their membership. Once you sign into your account, your membership details will also be available in your account.

We hope this system will be more efficient and easier to use. We would welcome your feedback once you have tested it.

BBC Programmes

If you are considering entry to the Royal National Mòd 2015 please ensure that you check the website over the coming weeks.

Programming schedules are being discussed with the BBC at the moment and this may result in the movement of some competitions to accommodate those requirements.

As soon as these changes have been finalised they will appear on our website.

Entry Deadline

The entry deadline for this year's Royal National Mod competitions is Monday 1st June.

Ordinarily the entry deadline is the 31st of May, but as this falls on the weekend we are extending the deadline for an extra day in case any competitors may require assistance.

We would encourage competitors not to leave their entries until the deadline day as there may be high volumes of traffic on the website, which could cause the system to crash.

**** WE WILL NOT ACCEPT ENTRIES BY EMAIL ****

An Comunn Gàidhealach

Mòdan Ionadail 2015

Chaidh a' chiad Mòd Ionadail den bhliadhna a chumail an t-seachdain a chaidh ann an Dùn Èideann.

Tha sinn an dòchas gun do chòrd Mòd na bliadhna seo ribh uile agus meal an naidheachd air a h-uile duine a choisinn na duaisean.

Thèid dhà no trì Mhòdan a chumail thairis air a' mhìos a tha romhainn, mar sin, tha sinn an dòchas gun tèid gu math leibh uile agus feuch gun cuir sibh thugainn dealbh no dhà as dèidh làimh.

Provincial Mods 2015

The first Provincial Mod of the year took place last weekend in Edinburgh.

We hope you all had a fantastic time and congratulations to all the prize-winners.

A number of Provincial Mods will take place over the coming months. Best wishes to everyone taking part in competitions and be sure to send us some photographs afterwards.

Mòdan Ri Tighinn

Mòd an Òbain - 9-17 Dàmhair 2015
Mòd nan Eilean Siar - 14-22 Dàmhair 2016
Mòd Loch Abair - 13-21 Dàmhair 2017
Mòd Dhùn Omhain - 12-20 Dàmhair 2018

www.ancomunn.co.uk

Future Royal National Mod Dates

Oban - 9-17 October 2015
Western Isles - 14-22 October 2016
Lochaber - 13-21 October 2017
Dunoon - 12-20 October 2018

www.ancomunn.co.uk

Atharrachaidhean air Riaghailtean a' Mhòid

Tha sinn a' coimhead ri atharrachaidhean a dhèanamh ri feadhainn de Riaghailtean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail an-dràsta. Nuair a bhios am pròiseas seo deiseil foillsichidh sinn atharrachaidhean sam bith air an làrach-lìn agus anns a' chuairt-litir againn. Bidh na h-atharrachaidhean seo air am foillseachadh ann an **dearg**.

Feuch gun dèan sibh cinnteach gun tèid sibh tro na Riaghailtean gu lèir mus cuir sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo. 'S ann oirbh fhèin a tha uallach cumail suas le na riaghailtean.

Changes to Mod Rules

*We have made some amendments to various elements of the Royal National Mod Rules. These have been published on our website. You will see that any changes have been highlighted in **red**.*

Please ensure that you check the Rules before you enter this year's competitions in case any of the changes may affect you. It is your responsibility to ensure that you are familiar with all the rules and any updates.



An Comunn Gàidhealach



Loch Abair / Lochaber

15 - 16 Cèitean / May

linda@bosslochaber.co.uk

Sruighlea / Stirling

15 - 16 Cèitean / May

karenfernier@gmail.com

Uibhist / Uist

29 - 30 Cèitean / May

moduibhist@gmail.com

Leòdhas / Lewis

2 - 5 Ògmhios / June

peigi@ancomunn.co.uk

An t-Eilean Sgitheanach / Skye

4 - 6 Ògmhios / June

maireadnicolson@btinternet.com

Cille Brìde an Ear / East Kilbride

29 - 30 Cèitean / May

catmacdonald292@btinternet.com

An t-Òban / Oban

5 - 6 Ògmhios / June

moiradunlop@btinternet.com

Gallaibh & Cataibh / Sutherland & Caithness

13 Ògmhios / June

mforbes999@gmail.com

Ìle / Islay

6 Ògmhios / June

alisongrayislay@aol.co.uk

Na Hearadh / Harris

11 - 12 Ògmhios / June

cjmackay1a@gnes.net

Glaschu / Glasgow

12 - 13 Ògmhios / June

angelajenkins34@hotmail.com

Peairt & Aonghas / Perthshire & Angus

12 - 13 Ògmhios / May

saintcath@hotmail.co.uk

Àird nam Murchan / Ardnamurchan

19 Ògmhios / June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

19 - 20 Ògmhios / June

secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Muile / Mull

11 - 12 Sultain / September

secretary@mullmod.org.uk

Taobh Siar Rois / Wester Ross

18 Sultain / September

duncan-ross@sky.com

Barraigh / Barra

25 - 26 Sultain / September

modbharraigh@aol.com



www.ancomunn.co.uk/localmods

An Comunn Gàidhealach

Changes to Mod Competitions

Tha sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air feadhainn de na farpaisean airson Mòd 2015. Thoiribh an aire air na h-àireamhan ùr.
We've made some changes to some of this year's competitions. Please note the new competition numbers.

7 Years Fileanta / Fluent

C22A(i) Poetry Recitation

Recitation of a prescribed piece of poetry. **(Age 7 years only). No Actions.**

C23A(i) Solo Singing

Singing of a prescribed song. **(Age 7 years only).**

8 Years Fileanta / Fluent

C22A(ii)

Recitation of a prescribed piece of poetry. **(Age 8 years only). No Actions.**

C23A(ii)

Singing of a prescribed song. **(Age 8 years only).**

9-10 Years Fileanta / Fluent

C42(i) Poetry Recitation

Recitation of a prescribed piece of poetry. **No Actions. (Age 9 years only)**

C42(ii) Poetry Recitation

Recitation of a prescribed piece of poetry. **No Actions. (Age 10 years only).**

C44(i) Solo Singing - Girls

Singing of a prescribed song. **(Age 9 years only).**

C44(ii) Solo Singing – Girls

Singing of a prescribed song. **(Age 10 years only).**

Under 13 Years Fileanta / Fluent

C70A(i) Traditional Singing (Girls)

One song sung in the traditional style, own choice. **(Under 10 years only).**

C70A(ii) Traditional Singing
(Girls)

One song sung in the traditional style, own choice.
(Age 11-12 years only).

Litreachas / Literary

Junior entries should be submitted in competitor's OWN handwriting and must be uncorrected original work.

Write a short story, a poem or a newspaper article on a topic of your own choice. Work to be submitted by 31st May.

Entries should bear the competitor's PEN-NAME at the top of the first sheet. It is important that PEN-NAMES are used in all literary competitions as this is the name seen by the adjudicators.



An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean air Earrainnean Ainmichte / Changes to Prescribed Pieces

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air an làrach-lìn againn no faodar na leabhraichean a cheannach anns na h-oifisean againn. Tadhlaidh an seo no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705. Chìthear atharrachaidhean ri h-Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

The prescribed pieces for the Royal National Mod in Oban in 2015 are available to buy via our website or you can buy hard copies from our offices.

To purchase online click [here](#) or alternatively you can telephone us on 01463 709 705.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below.

Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A300 Tìr an Airm

Bar 20 & 21-the phrase, '**s bhon is ciùin na tonnan gorm**' should be changed to '**S bhon 's os cionn na tonnan gorm**'

A304 Gleann Gallaidh

Bar 18- the word '**smuaintich**' should be changed to '**smuainich**'.

Bar 55 - Soprano 2 part: notes are written **Bb, G, middle C** but should actually be written as **G, Eb, middle C**.

A305 A' Chuthag

Bar 38 - Soprano 2 should sing G natural instead of G flat

A306 Nuair bha mi na mo mhaighdinn etc

Bar 46 - Tenor final two crotchets should be A's (mi) instead of F's (do)

Bar 49 - Alto's 2nd E note should be an E natural

Bar 49 - Tenor's final note should be a B natural

<http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/changes-to-prescribed-pieces>



An Comunn Gàidhealach

Soisgeul, an Còisir Gàidhlig Ùr

Chaidh Còisir Gàidhlig ùr a stèidheachadh bho chionn ghoirid, a' gabhail a-steach seinneadairean bho air feadh Alba. A' leanntainn air bho na thuirt Coinneach MacThòmais aig Cruinneachadh nan Còisirean aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis, gur e Còisir Gàidhlig Nàiseanta na h-Alba a bh' anns an fheadhainn a bha air an cruinneachadh còmhla, agus a-nis tha pròiseact sònraichte air nochdadh, a tha a' toirt cothroman dha na seinneadairean seo a bhith seinn. Tha an Comunn ùr a tha seo ag amas cruinneachadh de dh' òrain a chur ri chèile, airson pàirt a ghabhail ann am farpais Còisir Soisgeulach 2015 a' BhBC agus pàirt a ghabhail ann an tachartasan sònraichte eile cuideachd. Tha an Comunn ùr a tha seo na phàirt de Chomunn nan Còisir. Thathas an dòchas gun tig cothroman eile a-mach as a' phròiseact a tha seo cuideachd.

Tha an Còisir fo stiùir Mairi Anna Cheannadach, a tha ainmeil ann an saoghal na Gàidhlig agus tha i air obair mhòir a dhèanamh gus am pròiseact seo a thoirt gu buil. Tha an companaidh telebhisean neo-eisimealach, Demus Productions, air a bhith a' leanntainn an Còisir agus a' craoladh prògram a thèid a-mach air BBC Alba uaireigin am bliadhna.

Tha seinneadairean bho air feadh na dùthcha air cruinneachadh ann an Inbhir Nis trì tursan a-nis airson obrachadh air a' phròiseact. Chaidh dà òran a chraoladh airson farpais a' BhBC agus tha sin air a dhol thuca a-nis. Gheibh sinn a-mach ma tha sinn a' dol troimhe chun a' chuairt dheirinnich san Iuchar.

Bha beagan de fhealla-dhà againn Disathairne a-chaidh nuair a choinnich sinn, oir thadhal Coco Tenorio à Vanezuela oirnn gus leasain dannsa Salsa a thoirt dhuinn. Abair gun robh spòrs againn le seo. Bha an t-seinn mìorbhaileach agus bha e follaiseach gun robh na seinneadairean air a bhith ag obair cruaidh air na h-òrain.

Ged a tha na seinneadairean airson a' chiad phàirt den phròiseact seo air an taghadh, tha cothroman ann fhathast pàirt a ghabhail anns a' Chòisir. Tha sinn gu bhith seinn aig Fèis Solas ann am Peairt air 21 Ògmhios agus seo a' chiad tachartas oifigeil far am bidh sinn a' seinn. Ma tha ùidh agaibh a bhith anns a' Chòisir, cuiribh post-d gu gaelicgospelchoir@hotmail.com. Tadhlaidh air Facebook – Soisgeul, the Gaelic Gospel Choir.

Jackie Cotter
Ceann-suidhe
Comunn nan Còisir



Soisgeul, the Gaelic Gospel Choir

A new choir has emerged in the world of Gaelic Choirs. Following on from Kenny Thomson's comment at Inverness Castle during the Royal National Mod, calling the Massed Choirs, Scotland's National Gaelic Choir, an exciting project is happening this year to open up new opportunities for singers to perform. The objects of the new association are to develop a core repertoire of appropriate music, to compete at the 2015 BBC Gospel Choir of the Year, to visit the US Gospel Festival in 2015, and to participate in other events as deemed appropriate. The new association is part of the larger Association of Gaelic Choirs. The aspiration is that this first collaboration will lead to lots of other exciting opportunities for choristers.

Our Musical Director is Mary Ann Kennedy who is no stranger to the world of Gaelic Music, and she has worked tirelessly to get this new choir up and running. The project is being followed by Demus Productions, an independent TV production company, who are making a 'fly on the wall' documentary to be screened on BBC Alba later in the year.

The choir has now had three full rehearsal days in Inverness, gathering together choristers from all over the country. A recording has been made of the two songs for the BBC competition and that entry has gone in. We await the decision of the judges to discover whether we have got through to the final in July.

During Saturday's rehearsal, choristers were taken out of their comfort zone, as Coco Tenorio from Venezuela, took us through some Salsa dance routines. This caused much hilarity and energy as we all got to grips with the moves. The singing was first class as choristers had clearly done their homework.

Although the singers for this first part of the project have been selected, there are still opportunities to join the group. Our first official 'gig' is at the Solas Festival in Perth on the 21st June. If you are interested in joining the project, email gaelicgospelchoir@hotmail.com. Find us on Facebook Soisgeul, the Gaelic Gospel Choir.

Jackie Cotter, President,
Association of Gaelic
Choirs and Soisgeul.





17th Annual Grandfather Mountain Scottish Gaelic Song & Language Week July 5th – 10th 2015

Lees-McRae College, Banner Elk NC.

An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Scottish Gaelic Society is pleased to announce instructors for the 2015 Grandfather Mountain Scottish Gaelic Song & Language Week.



Gillebride MacMillan from South Uist is one of the few who have won both the Seann Nòs and Men's Gold Medal at the Royal National Mòd. After completing a degree in Celtic Studies at the University of Glasgow and a Masters Degree from the University of the Highlands and Islands, Gillebride now works in the Celtic and Gaelic Department at University of Glasgow. He is a Gaelic translator, author, and has worked on the Tobar an Dualchais archiving project. He regularly sings and teaches Gaelic song at festivals and cèilidhs in Scotland, Europe and the USA. You may have seen Gillebride in episode 3 of the Outlander television series as "Gwyllyn the Bard". Find out more on YouTube, on his website: <http://www.gillebride.com/> and on Twitter: <https://twitter.com/Gillebride>

Named Gaelic Singer of the Year in 2010 and 2011 by the MG ALBA Scots Trad Music awards, Joy Dunlop has won both the Royal National Mòd Gold Medal and the Oban Times Gold Medal. A native of Argyll, Joy teaches Gaelic, performs with the Joy Dunlop Band, presents programs on BBC ALBA, and makes frequent appearances on Radio nan Gàidheal. She is also an award winning Scottish step-dancer and Traditional Inter-Celtic Dance Champion. Find out more about Joy via YouTube, on Twitter: <https://twitter.com/joydunlop> and from her website: <http://www.joydunlop.com/>. We are delighted to welcome Joy to Grandfather Mountain for the first time.



Kathleen Reddy was born in Sydney, Nova Scotia. She is a graduate of Saint Francis Xavier University and also holds a Postgraduate Certificate in Secondary Education from the University of Strathclyde in Glasgow and a Diploma of Higher Education in Gaelic and Related Studies from Sabhal Mòr Ostaig in Skye. She has worked as a teacher of Gaelic learners and fluent speakers at secondary schools in Scotland, and spent several years living in a Gaelic-speaking community on South Uist. In Nova Scotia, Kathleen has taught Gaelic immersion courses in the Halifax area and at the Gaelic College in Cape Breton. In addition, Kathleen has worked for the Nova Scotia Office of Gaelic Affairs. Currently, she teaches Gaelic at Saint Francis Xavier University and serves as a mentor for the Nova Scotian Gaelic mentorship programs, *Na Gaisgich Òga* and *Bun is Bàrr*.

For more information see:

Grandfather Mountain Song and Language Week <https://www.facebook.com/groups/1463155417230179/>
An Comunn Gàidhealach Ameireaganach <http://www.acgamerica.org>

An Comunn Gàidhealach

Fèis Pan Ceilteach 2015

Chaidh Fèis Pan Ceilteach 2015 a chumail bho chionn ghoirid, ann an Doire. 'Se tachartas sònraichte a th' ann a tha a' toirt seinneadairean, cluicheadairean agus dannsairean còmhla, bho na sia sgìrean Ceilteach (Alba, Èirinn, a' Chuimrigh, Breatain, a' Chorn agus an Eilean Mhanainn) airson seachdainn làn fàrpaisean, cèilidhean agus cruinneachaidhean mì-fhoirmeil.

Mar is àbhaist, chaidh buidheann a-null à Alba airson an Fhèis agus ghabh mòran dhiubh pàirt anns na fàrpaisean. Nam measg bha Joy Dunlop, Raymond Bremner, Còisir Gàidhlig Thaigh an Uillt agus an còmhlan Ceòl bho Thuath. Bha iad uile gu math soirbheachail anns na fàrpaisean. Choisinn Joy a' chiad duais airson fàrpais seinn Seann Nòs agus cuideachd airson fàrpais Dannsa Traidiseanta – meal do naidheachd Joy. Fhuair Raymond an dàrna duais airson fàrpais seinn Seann Nòs. Fhuair Ceòl bho Thuath an dàrna duais airson an fàrpais Còmhlain agus Còisir Gàidhlig Thaigh an Uillt an dàrna àite ann am fàrpais nan Còisirean dùthchail.

Meal an naidheachd oirbh uile – tha sinn an dòchas gun do chòrd Fèis na bliadhna seo ribh agus tha sinn cinnteach gum bidh sibh a' tilleadh a dh' Èirinn an ath bhliadhna gus na tàlant sònraichte agaibh agus a' Ghàidhlig a thaisbeanadh dhan chòrr de na dùthchannan Ceilteach.



Pan Celtic Festival 2015

The 2015 Pan Celtic Festival took place in Derry in April. The event brings together singers, musicians and dancers from each of the six Celtic Nations (Scotland, Ireland, Wales, Breton, Cornwall and the Isl of Man), for a week of competitions, ceilidhs and informal sessions.

A group from Scotland went across for the event to participate in this year's competitions and celebrations. Amongst them were Joy Dunlop, Raymond Bremner, Còisir Gàidhlig Thaigh an Uillt, folk group Ceòl Bho Thuath and they were all successful in their competitions.

Joy Dunlop won the Traditional Singing competition and the Traditional Dancing competition – congratulations Joy!

Raymond Bremner was second in the Traditional Singing competition, Ceòl Bho Thuath were second in the folk group competition and Taynuilt Gaelic Choir were second in the Rural Choirs competition.

Many congratulations to you all. We hope you enjoyed this year's festival and we are certain you will all be returning to Ireland next year to showcase your talents and to promote the Gaelic language to the Celtic nations.



Dealbhan le Culturlann Uì Chanain

An Comunn Gàidhealach



Care for a Cèilidh

Chaidh a' chiad 'Care for a Cèilidh' a chumail thall-thairis bho chionn ghoirid. Chaidh Fèis Pan Cheilteach 2015 a chumail ann an Doire, agus bha buidhean à Alba an làthair a' gabhail pàirt ann am measgachadh de dh' fharpaisean. Thadhail feadhainn aca air dachaidhean cùram ann an Doire fhad's a bha iad thall. Air ais ann an Alba, bha muinntir Care for a Ceilidh trang a-rithist ann an dachaidhean-cùram eadar-dhealaichte. Chithear dealbh no dhà gu h-ìosal.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a tha a' gabhail pàirt.

The first ever overseas 'Care for a Cèilidh' took place recently. This year's Pan Celtic Festival took place in Derry earlier this month and a group of singers and musicians from Scotland went over to take part and some of them were kind enough to take time to visit some Care homes in the area. Back in Scotland, a number of Cèilidhs took place in various care homes so all in all it's been another successful month for Care for a Ceilidh. Below are a collection of photographs from this month's events'

Thank you very much to all those who have agreed to take part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





LEUGH IS SGRÌOBH

Clasaichean Oidhche airson Luchd-labhairt na Gàidhlig
Gaelic Writing & Reading Classes for Native Speakers

Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis
Inverness Gaelic Primary School

Are you a fluent Gaelic speaker and wish to improve your reading or writing skills in Gaelic? Why not join Alec MacDonald in a relaxed and informal setting at Inverness Gaelic School on the following dates:

21st & 28th April, 5th, 12th & 26th May, 9th, 16th, 23rd & 30th June
7 - 8:30pm

A bheil thu fileanta anns a' Ghàidhlig agus airson do sgilean sgrìobhaidh agus leughaidh a leasachadh? Nach tig sibh air cùrsa aig Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis còmhla ri Ailig Dòmhnallach, airson clasaichean neo-fhoirmeil agus saor an asgaidh.

To book a place please contact:

Margaret.Mulholland@highland.gov.uk (01463 703690) or
Archie Maclean at aml1.smo@uhi.ac.uk (01471 888327)

An Comunn Gàidhealach



ÀRAINNEACHD, CÀNAN IS DUALCHAS

**An Taobh Sear, An t-Eilean Sgitheanach
15 - 19 Ògmhios & 3 - 7 Lùnastal 2015**

Cùrsa mu nàdar is àrainneachd na h-Alba tro shùilean, agus tro chànan, nan Gàidheal. Chan fhaighear a leithid de chùrsa ann an àite sam bith eile!

Air a chumail ann an Stafainn, ceann a tuath an Eilein Sgitheanaich.

Air a theagasg le Ruairidh MacIlleathain, le taic bho Dhùghall Ros agus Sine Ghilleasbuig.

Òraidean ann an Columba 1400, le cuairt gach latha gu caochladh àrainnean.

Feumail do mhaoir-dhùthcha, luchd-iùil, tidsearan, luchd-ealain, luchd-saidheans, muinntir na turasachd agus duine sam bith aig a bheil ùidh ann an dualchas is beul-aithris nan Gàidheal.

Diluain 15 gu Dihaoine 19 Ògmhios 2015 – ‘Croit, Coille, Monadh is Boglach’.


Diluain 3 gu Dihaoine 7 Lùnastal 2015 – ‘Cladaich, Croit & Coille’.



Ùidh agaibh ann an àite air a' chùrsa? Còig latha no an deich latha air fad? Cuiribh fios cho luath 's a ghabhas gu Sine Ghilleasbuig aig sineg@cnag.org (fòn 01470 562325).



Tuilleadh air <https://acisd.wordpress.com/>.



An Comunn Gàidhealach

Dannsa le Trail West

Chaidh dannsa a chumail le Comataidh Mòd nan Eilean Siar ann an Talla Bharabhais air Dihaoine 10 Giblean. 'S e Trail West an còmhlan a bh' aca airson an oidhche agus abair gun robh iad math. Bha a h-uile duine a' dannsa fad na h-oidhche.

Bha beagan ceòl ann cuideachd bho Iain 'Spanish' MacAoidh agus Stuart Taylor. 'S e oidhche sònraichte bh' ann agus bha e gu math soirbheachail dhan a' chomataidh. Tha an Comataidh airson taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich air an oidhche.

Dance with Trail West

The Mòd nan Eilean Siar Committee held a fundraising dance in Barvas Hall on Friday 10th April. Tìree band 'Trail West' provided the entertainment and played to a packed dance floor throughout the night.

Dancers were also treated to a half hour stint from Iain 'Spanish' Mackay and Stuart Taylor. The event was a great fundraiser for the Mod and the Committee would like to thank all those who attended to support the event.

Brot is Mìlsean

Tha an Comataidh ag ullachadh airson sreath de thachartasan thairis air na mìosan a tha romhainn, nam measg, Brot is Mìlsean ann an Ionad Choimhearsnachd Newton ann an Steòrnabhagh. Tha an Comataidh air dà thachartas Brot is Mìlsean a chumail gu ruige seo, agus dhà eile ri thighinn air an 15mh den Chèitean agus an 26mh den t-Ògmhios.

Ma bhios sibh timcheall air an sgìre air na làithean seo, nach tig sibh còmhla rinn airson truinnsear brot, rolla, mìlsean agus bèicearachd. Cha chosg e dhuibh ach £5 agus faodaidh sibh suidhe a-staigh no an toirt a-mach leibh. Bidh raffle ann cuideachd, mar sin chan eil càil a dh' fhios nach fhaigh sibh duais no dhà cuideachd!

Soup and Pudding

The Local Committee are organising a number of fundraisers over the coming months, amongst them a series of Soup and Pudding Lunches in the Newton Community Centre. The Committee have held two lunches so far, and will also host one on May 15th and on June 26th.

If you are in the vicinity on either of these days, why not pop along for a bowl of soup and a roll, a pudding and some home-baking. It will cost you only £5 and you can sit in or take away. There will also be a raffle, so you never know, it could be your lucky day!

Tachartasan ri Thighinn

Brot is Mìlsean – 15 Cèitean
Raffle @ Consairt Mòd Ionadail Leòdhais – 5 Ògmhios
Brot is Mìlsean – 26 Ògmhios
Buntàta is Sgadin & Cèilidh – 26 Ògmhios
Dannsa le Catch 22 & Norrie Tago MacIomhair – 5 Sultain

Future Fundraising Events

Soup & Pudding – 15 May
Grand Raffle Draw @ Provincial Mod Concert – 5 June
Soup & Pudding – 26 June
Tattie & Herring Night and Cèilidh - 26 June
Dance with Catch 22 & Norrie Tago Maciver – 5 September

Club 400 Mòd nan Eilean Siar

Tha an Comataidh air a bhith a' ruith Club 400 airson ùine mhòr a-nis, far am bidh iad a' taghadh cò tha a' faighinn na duaisean uair 's a' mhios, beò air Isles FM.

Ma tha sibh airson pàirt a' ghabhail, chan fheumar ach foirm a lìonadh a-steach airson a' bhanca agus ni sinne an còrr. Thèid àireamh shònraichte a thoirt dhuibh. Mas e gur e an àireamh sin a thèid a thadhadh, gheibh sibh duais £250, £100 no £50. Cha chosg e ach £5 anns a' mhios (ach faodar barrachd air aon loidhne a ghabhail).

Siuthad sibh – gabh pàirt, agus chan eil càil a dh' fhios nach buannaich sibh duais airgid!
Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-d gu:
dmacdonald@iname.com

Mòd nan Eilean Siar 400 Club

The Committee have been running a 400 Club for some time now, with a draw being carried out once a month, live on Isles FM.

All you have to do is fill in a Bank Standing Order form, and the rest is done for you. You will be allocated a number and if that number is selected during the draw, you will have won a prize of £250, £100 or £50. This would cost you only £5 per month (you may sign up for more than one line if you wish).

*Why not join to win the chance of winning a monetary prize!
For further information, contact:
dmacdonald@iname.com*

An Comunn Gàidhealach

A' togail Inbhe na Gàidhlig aig Cunnt an Taghadh Choitcheann: Na h-Eileanan an Iar

'Se Comhairle nan Eilean Siar a' chiad ùghdarras ionadail ann am Breatainn le cunntas Twitter ann an Gàidhlig agus Beurla aig Cunnt an Taghadh Choitcheann 2015. Bidh an cunntas Twitter a' sgaoileadh fiosrachaidh beò bhon Chunnt a' toiseachadh aig 10f Diardaoin 7 Cèitean ann an Ionad Spòrs Leòdhais. Cuiridh seo gu mòr ri mar a tha a' Chomhairle a' cleachdadh na Gàidhlig aig taghaidhean. Tha mu thràth bileagan fiosrachaidh dà-chànanach aig na h-ionadan-bhòtaidh, tha na brathan-naidheachd air an sgaoileadh san dà chànan agus bidh Oifigear an Taghaidh a' libhrigeadh an toradh anns a' Ghàidhlig an toiseach agus an uairsin sa Bheurla. Tha fiosrachadh sam bith a tha a' dol a-mach bhon Oifis cuideachd ann an cruth dà-chànanach.

Thuit an Comhairliche John A MacIomhair, Cathraiche Comataidh Buileachaidh Plana Cànan aig Comhairle nan Eilean Siar, "Tha a' Chomhairle air a bhith taiceil don Ghàidhlig anns a h-uile roinn de sheirbheis thairis air na bliadhnachan agus tha an taic sin leantainneach. Tha sinn air a bhith adhartach le cleachdadh na Gàidhlig agus le bhith a' togail inbhe a' chànan aig àm taghaidhean. Tha tòrr dhaoine air a bhith ag innse dhuinn cho toilichte 's a tha iad leis na tha de Ghàidhlig ri faicinn aig na h-ionadan-bhòtaidh air feadh nan eilean. Cuiridh an cunntas Twitter ùr gu mòr ris na tha sinn air a bhith a' dèanamh gus inbhe na Gàidhlig a thogail agus tha sinn an dòchas gun cleachd luchd-labhairt a' chànan anns na h-Eileanan an Iar agus air feadh Alba, an cunntas seo airson cumail an àirde ri tachartasan bho oidhche a' Chunnt anns na h-Eileanan an Iar."

Twitter: @eileanansiar

Gaelic to the fore at UK Parliamentary Election: Na h-Eileanan an Iar

Comhairle nan Eilean Siar will become the first local authority in the United Kingdom to run a bilingual twitter account, in Gaelic and English, at the 2015 UK parliamentary Election count. The twitter account, which will provide live feed updates from the count beginning at 10pm in the Lewis Sports Centre on Thursday 7th May, will add to the Comhairle's extensive Gaelic coverage at elections. The Comhairle includes bilingual information notices in polling stations, produces bilingual press releases and the Returning Officer delivers the declaration in Gaelic first and then in English. All correspondence from Na h-Eileanan an Iar election office has details in bilingual format.

Cllr John A Maciver, Chair of the Gaelic Language Implementation Plan Committee at Comhairle nan Eilean Siar, said, "The Comhairle has been, and continues to be, very supportive of the Gaelic language in all of its operations. We have taken the lead on the use of Gaelic and have also steadily increased the usage of the language during election periods. We have received a lot of positive feedback about the usage of the language at polling stations throughout our islands. This new bilingual twitter feed will give the language even more exposure and we hope that Gaelic speakers throughout the Western Isles, and indeed Scotland, will utilise this method to keep an eye on updates from Na h-Eileanan an Iar count."

The Twitter page can be found by searching 'Western Isles Election' or @eileanansiar



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

An Comunn Gàidhealach



Opportunity for Gaelic Writers

Tha Pròiseact nan Ealan (buidheann leasachaidh nàiseanta nan ealan Ghàidhlig) a' co-obrachadh le Taigh-cluiche Nàiseanta na h-Alba, Playwright's Studio agus Comhairle nan Leabhraichean a' libhrigeadh cùrsa còmhnaidheach airson seachdain aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach bho 15-19^{mh} Ògmhios 2015.

An dèidh cho soirbheachail 's a bha an cùrsa còmhnaidheach an-uiridh aig Moniac Mhòr, tha an dàrna cùrsa seo ag amas air sgrìobhadairean ùra Gàidhlig agus feadhainn nas eòlaiche a chur an sàs ann an leasachadh sgilean sgrìobhaidh dràma Ghàidhlig airson iomairtean ri thighinn. Tro bhùthan-obrach, bhuidhnean is seiseanan fa leth le taoitearan, rannsaichidh an cùrsa dòighean airson pìos dràma Gàidhlig a leasachadh a dh'aindeoin eòlais no bun-fiosrachaidh.

TAOITEARAN - 'S iad na taoitearan an sgrìobhadair sgrìobt Gàidhlig cliùiteach, Iain Fionnlagh MacLeòid agus sgrìobhadair cuideachaidh Taigh-cluiche Nàiseanta na h-Alba, George Aza-Selinger. Bidh Comhairle nan Leabhraichean is Playwrights Studio cuideachd a' toirt comhairle seachad mu na cothroman a th' ann dha sgrìobhadairean Gàidhlig.

COSGAISEAN - Thèid oideachadh, àitean-fuirich, biadh is siubhal a phàigheadh dha com-pàirtichean a' chùrsa.

DÒIGH TAGRAIDH - Airson iarrtas a chur a-steach cuir post-d leis an fhiosrachadh a leanas (ann an Gàidhlig no Beurla) gu Màiri Ghreumach aig mairi@gaelic-arts.com:

- Aithris gun a bhith nas fhaide na 150 facal ag innse carson bu toigh leat com-pàirt a ghabhail sa chùrsa sgrìobhaidh seo
- Lethbhreac ded CV a' toirt cunntas air d' eòlas sna h-ealain
- Aithris ghoirid (gun a bhith nas fhaide na 150 facal) ag innse mun dèidh is an dealas a th' agad ann an dràma (mar dhèanadair no mar bhall den luchd-èisteachd).
- Paragraf goirid (gun a bhith nas fhaide na 100 facal) mu bheachd airson cleasachd bu mhath leat a rannsachadh tron chùrsa.

CEANN-LATHA AIRSON IARRTASAN: Dihaoine 22 Cèitean 2015
Thèid innse dha tagraichean an robh na tagraidhean aca soirbheachail air Dihaoine 29 Cèitean 2015.

Cothrom dha Sgrìobhadairean Gàidhlig

Pròiseact nan Ealan (the national development agency for Gaelic arts) in collaboration with the National Theatre of Scotland, Playwright's Studio and Gaelic Books Council are delivering a week long writers residency at Sabhal Mòr Ostaig in Skye from 15-19th June 2015.

Following the success of last year's Moniac Mhòr residency, this second course aims to engage new and more experienced Gaelic writers to develop Gaelic theatre writing skills for future initiatives. Through workshops, groups and individual sessions with tutors, the course will explore methods for developing a Gaelic theatrical piece regardless of past experience or background.

TUTORS - Tutors and guest speakers include highly acclaimed Gaelic scriptwriter Iain Finlay Macleod and National Theatre of Scotland's Associate Literary Manager George Aza-Selinger. The Gaelic Books Council and Playwrights' Studio will also advise on the opportunities available to Gaelic writers.

COSTS - Tuition, accommodation, food and travel will be covered for all course participants.

HOW TO APPLY - To apply, please email the following information (in Gaelic or English) to Mairi Graham at mairi@gaelic-arts.com:

- *A max 150 word statement of why you would like to participate on this writing course*
- *A copy of your CV outlining your experience in the arts*
- *A short statement (max 150 words) describing your passion and commitment to theatre (as a maker or audience member).*
- *A short paragraph (max 100 words) about a theatrical idea you would like to explore during the residency.*

DEADLINE FOR APPLICATIONS: Fri 22 May 2015

Applicants will be informed on whether their application has been successful by Fri 29 May 2015.

An Comunn Gàidhealach

Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2015 / Celtic Media Festival 2015

Chaidh BBC Radio nan Gàidheal ainmeachadh mar Stèisean Radio na Bliadhna aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2015 a chaidh a' chumail ann an Inbhir Nis sa Ghiblein. Am measg na bha an làthair aig an fhèis bha Chris Young (Young Films), Ailig Greumach, Pròbhost Inbhir Nis agus Danny Alexander BP. Mar pàirt den fhèis chum MG ALBA agus Young Films ro-shealladh air cuid de na prògram bho sreath ùr Bannan a tha air a' riochdachadh le Young Films.

BBC Radio Nan Gàidheal has been named Radio Station of the Year at the 36th Celtic Media Festival which culminated in Inverness recently. Amongst those present were Chris Young (Young Films), Alex Graham, Provost of Inverness and Danny Alexander MP.

Seo an fheadhainn a fhuair na duaisean / Gala award winners:

Radio station of the year – BBC Radio Nan Gàidheal – Scotland – BBC Radio Scotland

Drama series – Love/Hate – Ireland – RTÉ/Octagon Films Ltd

Kieran Hegarty Award for Innovation – Prosiect iBeacons Oriel Plas-Glyn-y-Weddw – Wales – Cwmni Da

Factual single – Close to Evil – Ireland – RTÉ/Praxis Pictures

Spirit of the Festival Award – Páidí ó Sé – Rí an Pharóiste – Ireland – TG4/Magamedia

Day one winners:

Arts – Dolores Keane: A Storm in the Heart – Ireland – RTÉ/Scratch Films Ltd

Animation – The Hunchback in the Park – Wales – BBC Cymru Wales

Children's – Katie Morag – Scotland – Move on Up

Entertainment – Dim Byd – Wales – S4C/Cwmni Da

Sport – Arkle – Ireland – TG4/Touchline Media

Best app – Seamus Heaney: Five Fables – Ireland – Flickerpix / Touch Press

Day two winners:

Feature-length drama – Patrick's Day – Ireland – Ignition Film Productions

Factual entertainment – Rhod Gilbert's Work Experience – Wales – BBC Wales/Zipline Creative

Short drama – Sínte – Ireland – Síol Scéal

Current affairs – The Disappeared – Ireland – BBC NI/RTÉ/Erica Starling Productions

Young people – Being Sixteen in 2014 – Scotland – BBC Scotland

Day three winners:

Radio documentary – Call of the Dark – Ireland – RTÉ Radio 1

Sports programme – Documentary on One, Never Knocked Down – Ireland – RTÉ Radio 1

Factual series – The Quest for Bannockburn – Scotland – BBC Scotland

Radio music programme – Another Country – Scotland – BBC Radio Scotland

Radio presenter/personality – Michelle Nic Grianna – Ireland – RTÉ Raidió na Gaeltachta





A' Charaid Chòir

Mod nan Eilean Siar 400 Club

Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you wish to take part, please fill in the Standing Order mandate overleaf, made out for £5, or a multiple thereof, and return the form to: An Ionmhasair, Mòd nan Eilean Siar, at the address below. It is proposed that the draw continues indefinitely to help with fundraising for future Mods, so please leave the Payment date fields blank unless you wish to specify an End Date. It would be useful if you could invite others to participate as well – the Standing Order form may be photocopied.

Rules

Your Standing Order is payable in advance on the 1st of each month, starting with the month following receipt.

Failure to pay the Standing Order will automatically stop your numbers for that month's draw.

All draws will be done in a public establishment or live on Isles FM with at least 2 committee members and a member of the public; details of time and venue can be obtained from committee members.

In any matters of doubt, the committee's decision is final.

OSCR Charity Number: SC001282

MÒD NAN EILEAN SIAR 2016

Taigh a' Mhorair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, HS1 2DD
Fòn: 01851 703487 Facs: 01851 706467

Leverhulme House, Perceval Square, Stornoway, Isle of Lewis HS1 2DD
Tel: 01851 703487 Fax: 01851 706467

To _____ Bank

Please set up the following Standing Order and debit my/our account accordingly

1. Account Details

Account Name _____ Account Number

Account Holding Branch _____ Sort Code

2. Payee Details

Name of Person or Organisation you are paying

Mòd nan Eilean Siar

400 Club Number (if known) - this will appear on the bank statement of the person or organisation you wish to pay

Sort Code – the bank code of the person or organisation that you are paying

83-27-12

Account Number – the account number of the person or organisation you wish to pay (eight digits – if less, place zeros at the front)

00651116

3. About the Payment

How often are the payments made

monthly

Amount Details

Date and amount of first Payment

1st

£

Date and amount of final Payment

£

4. Confirmation

email:

Signature

Date

Address / Post Code / Phone No:



An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunnaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

